



Tìotal: Balaich, nigheanan agus gnàth-ìomhaighean Pàirt 2: Tuilleadh mu ghnè

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn nam feartan agus nan sgilean a tha a dhìth airson diofar sheòrsaichean dhàimhean a chumail suas agus 's urrainn dhomh an cur an cèill. HWB 3-44b</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a' bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB3-46b</p>	<ul style="list-style-type: none"> A' sealltainn spèis agus tuigse a thaobh iomadachd dhàimhean gaoil agus feiseil, mar eisimpleir, dàimhean LGBTI, pòsadh, a' fuireach còmhla, co-phàrantachd. A' mìneachadh na buaidh a dh'fhaodas a bhith aig mì-chothromachd cumhachd air dàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, aonta, ceannsachadh, uallach airson ghnìomhan agus co-dhùnaidhean. Ag aithneachadh agus a' mìneachadh buaidh nam meadhanan, a' gabhail a-steach mheadhanan sòisealta agus pòrnogrofaidh air fèin-luach agus comas tighinn gu co-dhùnaidhean.

'S urrainn dhuinn cuideachd na h-eòlasan agus na builean seo a chleachdadh airson nan leasan seo; tha iad a' suidhe an taobh a-staigh de Sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra ann an Slàinte agus Sunnd. Bhon a tha iad an urra ris a h-uile duine, chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 3-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 3-10a

Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich daoine' òga mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gun ionnsaich daoine' òga mu ghnè agus gum meòraich iad air gnath-ìomhaighean agus air na thathar a' sùileachadh a rèir gnè.
- Gum meòraich daoine' òga air cò ris a bhiodh e coltach a bhith tar-ghnèitheach.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir dham choltas, mo ghiùlan no na tha mi a' miannachadh a bhith air a chuingealachadh le mo ghnè no leis na thathar a' sùileachadh bho bhalaich no nigheanan.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean ainmeachadh de gnath-ìomhaighean agus cur nan aghaidh/dùbhlann a thoirt dhaibh.

- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile agus tha mi a' tuigsinn 's a' gabhail ri iomadachd am measg mo cho-aoisean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

NÒTA: Tha an gnìomh seo a' leantainn teachdaireachd a tha a' ruith tron ghoireas RSHP seo a tha a' brosnachadh daoine òga gu bhith mar a thogras iad fhèin mar bhalach no nighean, saor bho ghnàth-iomhaighean agus bho na tha daoine a' suileachadh bhuapa air sgàth gnè. Chan eil an seo ach aon gnìomh-ionnsachaidh, sa chlas no san t-suidheachadh agaibhse 's dòcha gum bi barrachd cuideim air co-ionannachd a dhìth, cuidichidh an leasan seo agus na rinn sibh mar-thà an òigridh gus a dhol an lùib na h-obrach seo.

'S dòcha gu bheil neach òg agaibh sa chlas nach eil airson a bhith aithnichte mar bhalach no nighean. 'S dòcha gum bi neach òg agaibh a tha a' faireachdainn gu bheil sgaradh eadar an gnè agus an gnè bith-eòlasach – 's dòcha gun do dh'inns an neach òg iad fhèin no pàrant/neach-cùraim dhut mun dysphoria gnè aca mar-thà. San t-suidheachadh seo tha e fhathast na dhleastanas dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd ionnsachaidh shàbhailte is fhallain ann dhan neach òg seo, a' toirt spèis dha na miannan aca agus do mhiannan am pàrantan a thaobh atharrachaidhean sam bith a tha iad airson a dhèanamh air rudan mar ainm no aodaichean no riochdairean taghte. Ann an suidheachaidhean sam bith aca sin dh'fhaodadh an neach òg burraidheachd stèidhichte air claon-bhreith fhulang agus ged a tha an seata seo de gnìomhan-ionnsachaidh ag amas air coibhneas, co-fhaireachdainn agus còraichean a bhrosnachadh, cha bhì sna gnìomhan ionnsachaidh ach pàirt de na nì thu gus àite in-ghabhalach, sàbhailte a chruthachadh do gach neach-ionnsachaidh.

Mar a bhios sibh ag obrachadh tro na slaighdean, bi fosgailte do bheachdan eadar-dhealaichte nan daoine òga, bidh cùisean gnè agus dearbh-aithne gnè sna meadhanan anns a bheil daoine òga an sàs. Dh'fhaodadh iad taic a thoirt do, no seasamh an aghaidh cuid den chànan, dh'fhaodadh gum biodh beachdan eadar-dhealaichte aca a thaobh gnè agus dearbh-aithne gnè, tha seo ceart gu leòr ma thèid a làimhseachadh taobh a-staigh crìochan àbhaisteach chòmhradh le ionnsachadh RSHP – cha bu chòir do cheistean no dùbhlain a bhith pearsanta no mì-mhodhail.

Obair

1. Tòisich le bhith a' cur an cuimhn' nan daoine òga na bha iad a' dèanamh san t-seisean mu dheireadh - a' bruidhinn mu bhith nan nighean/boireannach agus nam balach/fireannach agus mun coltas, an giùlan 's mar nach bu chòir na bha iad a' miannachadh a bhith air a chuingealachadh le gnàth-iomhaighean, len gnè no leis na thathar a' suileachadh bho bhalaich agus nigheanan.
2. Inns dha na daoine òga gum bi iad a' dèanamh tuilleadh bruidhinn mu bhun-bheachd gnè agus mar a tha sin eadar-dhealaichte bho ar gnè bith-eòlasach. Cleachd an t-sreath shlaighdean, a' bruidhinn agus a' dèanamh cinnteach à tuigse mar a tha thu a' dol air adhart, tog air còmhradh an t-seisein mu dheireadh far a bheil sin cuideachail, èist ri diofar bheachdan agus bi speiseil dhaibh.
 - **Bidh daoine a' cleachdadh an fhacail gnè airson gnè agus gnè bith-eòlasach.** Uaireannan bidh daoine gan cleachdadh mar gur e an aon chiall a th' aca. Faodaidh seo tròimh-a-chèile adhbhrachadh. Dè, ma thà an diofar?
 - Tha ar **gnè bith-eòlasach** air a stèidheachadh mus bi sinn fiù 's air ar breith. 'S urrainn do bhoireannach a tha trom le pàiste gnè bith-eòlasach a pàiste fhaighinn a-mach rè leatromachd nuair a gheibh i sgan.

- Coimheadaidh a' bhean-ghlùine cuideachd air a' phaiste nuair a tha e air a bhreith agus canaidh i gur e balach no nighean a th' ann. Airson cuid de phàistean cha bhi e soilleir agus bidh deuchainean a dhìth airson co-dhùnadh a dhèanamh.
- 'S e rud eadar-dhealaichte a th' ann an **gnè**. Dh'fhaodadh sinn a' ràdh gur e measgachadh den ghnè bhith-eòlasach, de na faireachdainnean againn mur dearbh-aithne agus de mar a bhios sinn gar giùlan fhèin a th' ann.
- Tha buaidh aig gnè cuideachd air ar beatha. Mar eisimpleir, ma tha cuideigin a' smaoinichadh gur e boireannach a th' annainn 's dòcha gun dèilig iad rinn ann an aon dòigh, ma tha iad a' smaoinichadh gur e fireannach a th' annainn dèiligidh iad rinn ann an diofar dòigh.

3. Bruidhneamaid: A-nis agus sibh air coimhead air na slaightean seo agus air beagan còmhraidh a dhèanamh, tog air ionnsachadh bhon leasan mu dheireadh le bhith a' sgrùdadh nan ceistean seo ann an còmhraidh – mar aon bhuidheann no ann am buidhnean beaga, mar as àbhaist a' taghadh an dòigh as fheàrr agus as sàbhailte dha na tha a' gabhail pàirt.

1.

Am bi thu a' cur aodach ort a tha a' toirt beachd air do ghnè bith-eòlasach?

Am bi thu gad giùlan fhèin ann an dòigh a tha a' toirt beachd air do ghnè bith-eòlasach?

2.

A bheil thu saor agus thu fhèin a chur an cèill mar a thogras tu – a thaobh do choltais no do giùlain?

A bheil mar a tha thu gad chur fhèin an cèill air a chuingealachadh le gnàth-iomhaighean de cho fireannta no boireannta 's a bu chòir do neach a bhith?

3.

An urrainn dhut smaoinichadh air eisimpleirean de mar a bhiosar a' dèiligeadh ri daoine ann an dòigh eadar-dhealaichte ma thathas a' smaoinichadh gur e fireannach no boireannach a th' anna? Am bi seo a' tachairt do dhaoine 'òga dhed aois? An deach dèiligeadh riutsa ann an dòigh shònraichte air sàillibh gu bheil thu nad/gu bheilear gad fhaicinn mar nighean? No ann an dòigh shònraichte air sàillibh gun bheil thu nad/gu bheilear gad fhaicinn mar bhalach?

4. Mar a bhios daoine a' bruidhinn mu ghnè. Thoir a-steach an ath sheat shlaightean mar seo – aidich ma tha daoine 'òga air cuid de na teirmean seo a chleachdadh ann an còmhraidh mar-thà. Mar sin nuair a bhios daoine a' bruidhinn mu ghnè san latha an-diugh, tha tòrr dhiofar theirmean ann a bhiosar a' cleachdadh. 'S dòcha gun cuala sibh iad, 's dòcha gur e dòighean a th' anna air bruidhinn mu ghnè a tha a' freagairt ortsa, no 's dòcha gur e teirmean a th' ann a bhios tusa a' cleachdadh, no nach eil thu airson a chleachdadh (agus tha sin ceart gu leòr). Nì sinn soilleireachadh orra agus na tha daoine a' ciallachadh. (Stad agus bruidhinn mu gach teirm mar a tha thu a' dol air adhart.)

- Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine ag ràdh gur e nigheanan/boireannaich no balaich/fireannaich a th' anna dìreach bhon a rugadh iad fireann no boireann (mar sin air sgàth an ghnè bith-eòlasach). Bidh cuid de dhaoine gam faicinn fhèin ann an dòigh eadar-dhealaichte air sgàth mar

a tha iad a' faireachdainn mu, no mar thogras iad, an gnè a chur an ceill. Nuair a bhruidhneas sinn mu ghnè, tha tòrr dhiofar theirmean ann a dh'fhaodas daoine a chleachdadh.

Seo soilleireachadh air feadhainn de na teirmean a bhios daoine a' cleachdadh, agus na tha daoine a' ciallachadh:

- Do chuid de dhaoine chan eil an gnè stèidhichte, chan eil iad airson a bhith air an aithneachadh mar fhireannach no mar bhoireannach. 'S dòcha gu bheil dòigh eadar-dhealaichte aca airson an gnè a chur an cèill, 's dòcha nach bi seo a' freagairt air an gnè bith-eòlasach, 's dòcha gun cleachd iad an teirm gnè-shùbailte (**gender fluid**) no gnè neo-bhìnearaidh (**gender non-binary**).
- Ma tha neach ag ràdh gu bheil iad **tar-ghnèitheach** (canaidh cuid de dhaoine **trans**) tha iad a' faireachdainn nach eil an gnè dhan do rugadh iad a' freagairt air mar a tha iad a' faireachdainn nam broinn fhèin. Mar sin tha boireannach tar-ghnèitheach beò mar bhoireannach an-diugh, ach rugadh i na balach. Tha fireannach tar-ghnèitheach beò mar fhireannach an-diugh ach rugadh iad nan nighean.
- 'S dòcha gun can neach gu bheil iad **cios-ghnèitheach** ma tha iad a' faireachdainn gu bheil an gnè a' freagairt no gu bheil iad gan cur fhèin an cèill a rèir na thathas a' sùileachadh bhuapa air sgàth a' ghnè bhith-eòlasach aca (dh'fhaodadh iad a ràdh gu bheil an gnè a' freagairt air a' ghnè bhith-eòlasach aca).
- 'S dòcha gun can neach gu bheil iad **neo-rèireach a thaobh gnè (gender non-conforming)** mura h-eil iad a' dearbh-aithneachadh mar trans no gnè-shùbailte no neo-bhìnearaidh agus nach eil iad a' dearbh-aithneachadh a rèir na thathas a' sùileachadh bhuapa air sgàth an gnè bith-eòlasach.

5. Aidich a-rithist gum bi cuid dhen seo ag adhbhrachadh troimh-a-chèile aig amannan – agus gum faod beachdan làidir a bhith aig daoine air-loidhne nuair a bhruidhneas tu air gnè bith-eòlasach agus gnè. Faighnich dha na daoine òga a bheil iad an sàs an an gin de na beachdan no na deasbadan sin air-loidhne – faighnich/dèan sgrùdadh:

A bheil thu a' leantainn duine a tha a' dèanamh sgrùdadh air gnè?

Cò air a tha daoine a' bruidhinn agus dè bhios iad a' sgrùdadh air meadhanan sòisealta?

Dè a' bhuaidh a th' aig an seo air mar a tha daoine òga a' faireachdainn mu ghnè?

6. Crìochnaich a' phàirt seo dhen ghnìomh leis an teachdaireachd gur e an rud bunaitich a bhith spèiseil ri diofar beachdan air gnè agus gnè bith-eòlasach agus cuimhneachadh nach eil riaghailtean ann a thaobh mar bu chòir dhut a bhith nad nighean no nad bhalach – bi mar a thogras tu fhèin.
7. **Crìochnaich** le fiosrachadh taic Childline, a' mìneachadh gum bi iad a' bruidhinn ri daoine òga air fòn agus air-loidhne aig a bheil ceistean mu ghnè, agus gu bheil an t-seirbheis dìomhair.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun obair sa bhloc ghoirid seo.

Cluinnidh daoine òga tòrr tro dhiofar mheadhanan mu ghnè. Anns an sgoil, mar a tha sa chomann-shòisealta, faodaidh beachdan làidir a bhith aig daoine mu ghnè. Is e ar rùn ar daoine òga a chuideachadh gu bhith breithneachail, mothachail agus coibhneil nuair a bhios iad a' beachdachadh air na cùisean agus

cuideachd nuair a bhios iad a' dèiligeadh ri daoine eile. Mar phàirt den ionnsachadh againn, bidh sinn a' beachdachadh air eòlas dhaoine òga tar-ghnèitheach.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Gnàth-iomhaighean agus Co-ionannachd

'S dòcha gum bi ùidh aig cuid de dhaoine' òga ann am mìneachadh co-ionannachd gnè bho Na Dùthchannan Aonaichte (UN):

Co-ionannachd eadar boireannaich agus fireannaich (co-ionannachd gnè): Tha seo a' toirt iomradh air còraichean, uallaichean agus cothroman co-ionann bhoireannach, fhireannach agus nigheanan is balaich. Chan eil co-ionannachd a' ciallachadh nach bi diofar eadar boireannaich is fireannaich. Cha bu chòir do chòraichean, dleastanasan agus cothroman bhoireannaich is fhireannaich a bhith eadar-dhealaichte a rèir co-dhiù a rugadh iad fireann no boireann. Tha co-ionannachd gnè a' ciallachadh gu bheil a' toirt aire do ùidhean, fheumalachdan agus phrìomhachasan bhoireannach is fhireannach, le aire air iomadachd bhuidhnean eadar-dhealaichte de bhoireannaich is fhireannaich. Chan e cùis bhoireannach a th' ann an co-ionannachd gnè; tha e a' bualadh air fireannaich cuideachd agus bu chòir dhaibhsan làn chom-pàirt a ghabhail cho math ri boireannaich. Tha co-ionannachd eadar boireannaich is fireannaich air fhaicinn an dà chuid mar chùis chòraichean daonna agus mar chumha airson, agus mar chomharradh air, leasachadh seasmhach a tha stèidhichte air daoine.

Gnè: Tha gnè air a mhìneachadh mar na buadhan sòisealta agus na cothroman a tha co-cheangailte ri bhith fireann agus boireann agus na dàimhean eadar boireannaich is fireannaich agus nigheanan is balaich, a bharrachd air a' chàirdeas eadar boireannaich agus an fheadhainn eadar fir. Tha na feartan, na cothroman agus na dàimhean sin air an togail gu sòisealta agus air an ionnsachadh tro phròiseasan sòisealachaidh. Tha iad a' dol a rèir co-theacsa/ùine agus faodaidh iad atharrachadh. Bidh gnè a' dearbhadh dè thathar a' sùileachadh, a tha ceadaichte agus air a bheil a' cur luach ann am boireannach no fireannach ann an co-theacs sònraichte. Anns a' mhòr-chuid de chomainn-shòisealta tha eadar-dhealachaidhean agus neo-ionannachdan eadar boireannaich is fireannaich ann an dleastanasan a th' aca, na gnìomhan a bhios iad a' dèanamh, cothrom air agus smachd air goireasan, a bharrachd air cothroman co-dhùnaidhean a dhèanamh. Tha gnè na phàirt den cho-theacsa shòisio-chultarach san fharsaingeachd. Am measg nan slatan-tomhais cudromach eile airson mion-sgrùdadh sòisio-chultarach, tha clas, cinneadh, ìre bochdainn, buidheann cinnidheach agus aois.

<https://www.un.org/womenwatch/osagi/conceptsanddefinitions.htm>

Nòtaichean Tidseir

